



# Fèisean nan Gàidheal

## Tuairisgeul-Obrach

Tìotal: **Oifigear Leasachaidh**  
Àite: **Inbhir Nis - Sùbailte (Taic ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheil)**  
Tuarastal: **Tuarastal timcheall air £27,000 a-rèir eòlais**  
Ùine: **Làn ùine (35 uairean san t-seachdain) ach sùbailte**

**Ged a b' fheàrr leinn obair làn ùine a stèidheachadh ann an Inbhir Nis, bhitheamaid sùbailte agus gu math fosgailte ri còmhraidh le duine sam bith aig a bheil ùidh san obair ach a b' fheàrr a bhith ag obair pairt ùine, no a bhith stèidhichte ann an àite eile.**

### Bun Fhiosrachadh

'S e buidheann nàiseanta a tha ann am Fèisean nan Gàidheal, ag obair còmhla ri 46 Fèisean ionadail air feadh Alba, a' toirt cothrom do thimcheall air 17,000 òganach sgilean ealan Ghàidhlig ionnsachadh a bharrachd air obair ann am foghlam Gàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a ghabhail os làimh.

Tha Fèisean nan Gàidheal gu mòr an-sàs anns gach roinn de leasachaidhean na Gàidhlig agus ciùil traidiseanta. Bidh an neach san dreuchd làn-ùine seo a' cumail taic ri Fèisean air a' Ghàidhealtachd agus ann an Earra-Ghàidheil, a' toirt air adhart leasachaidhean a-rèir rùn nam Fèisean agus an sàs ann an iomairtean gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh anns na coimhearsnachdan far a bheil na Fèisean stèidhichte.

Bidh an neach soirbheachail ag obair ann an Inbhir Nis, ach bhiodh feum air siubhal taobh a-staigh sgìrean na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheil. Bidh an obair thairis air 35 uairean gach seachdain, fo stiùir Manaidsear Leasachaidh na buidhne, agus ann an co-bhann ri comataidhean nam Fèisean.

### Prìomh ghnìomhan na dreuchd seo

A' lìbhrigeadh sheirbheisean do na Fèisean anns an sgìre ainmichte, gu sònraichte:

- A' cuideachadh le taic-airgid do na Fèisean tro Sgeama Tabhartasan nam Fèisean
- A' deasachadh iarrtasan-airgid airson Stòras Leasachaidh nam Fèisean
- A' toirt taic le poileasaidh Cùram Chloinne na buidhne a chur an gnìomh aig ìre ionadail
- A' toirt taic le Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh aig ìre ionadail
- A' toirt taic le trèanadh iomchaidh a chur air dòigh do luchd-eagrachaidh agus luchd-rianachd nam Fèisean gu h-ionadail
- A' toirt taic do chomataidhean nam Fèisean ann an co-bhann ri luchd-rianachd ionadail
- A' brosnachadh com-pàirt anns na Fèisean san sgìre gu h-àraidh tro na sgoiltean ionadail
- A' frithealadh nam Fèisean uile, a rèir ùine, agus a' roinn ùine eatorra gu cothromach
- A' cuideachadh le Cèilidhean air Chuairt a chur air dòigh cuide ri Fèisean ionadail
- Com-pàirt a bhrosnachadh le na Fèisean ann am bliadhnaichean sònraichte a chomharrachadh
- A' cur air adhart phlanaichean Fèisean nan Gàidheal le pròiseactan a tha freagarrach
- A' sireadh taic-airgid, gu h-àraidh bho thaobh a-muigh na sgìre airson obair àbhaisteach nam Fèisean, agus pròiseactan ùra, a chur an gnìomh
- A' cur air dòigh thachartasan tron bhliadhna airson obair nam Fèisean a leantainn agus a leudachadh, airson nan sgilean a tha air ionnsachadh anns na Fèisean bliadhnaile a neartachadh

- A' brosnachadh obair airson deugairean a chumail an-sàs ann an tachartasan nam Fèisean
- Ag obair le comataidhean nam Fèisean gus na planaichean leasachaidh aca fhèin a chur ri chèile agus an uair sin an cur an gnìomh
- Taic le margaideachd obair nam Fèisean ann an co-bhann ri luchd-obrach eile.

### **Gnìomhan eile**

- Pàirt a ghabhail ann an tachartasan gan cur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal, m.e. Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail na buidhne
- Pàirt a ghabhail anns an t-siostam mheasaidh aig Fèisean nan Gàidheal
- Measadh cunbhalach a dhèanamh air pròiseactan
- A' sgrìobhadh aithisgean adhartais cunbhalach airson coinneamhan den Bhòrd-stiùiridh
- A' cur aithisgean adhartais ri chèile do bhuidhnean maoineachaidh a rèir feum
- A' frithealadh làithean-trèanaidh airson luchd-obrach ma bhios sin iomchaidh
- Pàirt a ghabhail ann an cruinneachaidhean lìonra oifigearan leasachaidh na Gàidhlig
- Conaltradh cunbhalach a chumail ri oifigearan Iomairtean Comunn na Gàidhlig
- Obair eile sam bith a tha taobh a-staigh crìochan na dreuchd seo.

### **Sgilean pearsanta a tha a dhìth**

- Bu chòir tagraichean a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig, le comas labhairt agus sgrìobhaidh. Bidh barrachd chuideam air sgilean labhairt sa chiad dol a-mach, agus prògram trèanaidh ann airson sgilean sgrìobhaidh a neartachadh mar a bhios iomchaidh
- Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho dhuine sam bith aig a bheil eòlas, neo foghlam freagarrach, co-cheangailte ris an t-seòrsa obrach a tha seo
- Bu choir ùidh a bhith aig tagraichean ann an obair nam Fèisean agus anns na h-ealain Ghàidhlig
- Comas obair a dhèanamh air an ceann fhèin, gun stiùir aig amannan
- Bidh eòlas air obair ann an raon coimhearsnachd gu math feumail
- Bidh eòlas air obair coimpiutairean deatamach gu sònraichte prògraman a leithid Microsoft Word, Excel 's bhiodh eòlas air Adobe Acrobat, InDesign agus Photoshop buannachdail
- Bu chòir cead-draibhidh a bhith aig tagraichean.

Bidh an tuarastal timcheall air £27,000. Cuiridh Fèisean nan Gàidheal 5% de thuarastal a-steach gu sgeama peinnsein na buidhne agus bidh àrachas-beatha ann a bheireadh trì uiread den tuarastal don teaghlach agaibh nan caillear ur beatha fhad 's a tha sibh aig obair don bhuidhinn. Thèid cosgaisean co-cheangailte ris an dreuchd a phàigheadh a thuilleadh air tuarastal. Feumaidh an neach a shoirbhicheas a dhol tro dheuchainn mar bhall den sgeama PVG aig Fèisean nan Gàidheal.

Feumaidh tagraichean cunntas-beatha slàn (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn a bharrachd air foirm-iarrtais air a lìonadh leis an fhiosrachadh air fad a tha a dhìth.

Cuiribh foirmean agus cunntas-beatha gu Anne Willoughby, Manaidsear Gnìomha, Fèisean nan Gàidheal, Taigh a' Mhill, Port-Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ neo air post-d gu [anne@feisean.scot](mailto:anne@feisean.scot) ro 5f, Dihaoine 23mh Sultain 2022.

Airson cothrom còmhraidh agus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun dreuchd, leigibh fios gu Calum A Macmhaoilein, Manaidsear Leasachaidh, Fèisean nan Gàidheal air [calum@feisean.scot](mailto:calum@feisean.scot).

**FEUMaidh IARRTASAN A BHITH AGAINN RO 5f, DIHAOINE 23mh SULTAIN 2022**  
**'S e fastaiche co-ionannachd chothroman a tha ann am Fèisean nan Gàidheal dealasach a thaobh Obair Choithromach**

Tha Fèisean nan Gàidheal riamh air a bhith faiceallach a' dèiligeadh ri fiosrachadh agus ga dhìon. Chithear fios mu phrìobhaideachd tron cheangal [seo](#) agus bu chòir dhuibh innse dhuinn mur h-eil sibh airson conaltradh rinn tro phost-d tuilleadh le bhith a' cur freagairt don seòladh seo, no le fios a chur gu Oifigear Dìon-Dàta na buidhne tro [dpo@feisean.org](mailto:dpo@feisean.org).